

II.

CHA 'n fheil e 'n am chomas cliù Shir Seorais Rois a chur an céill air an doigh so, ann an duan no òran, ach, mar sheanachaidh feuchaidh mi ri clach a chur 'n a chàrn.

B' e athair, Seumas Ros, a mhuinntir Inbhir-feotharain, a'n Siorramachd Rois. Mar a dh-fhàs e suas chaidh e gu sgìre Eadardain, air taobh an ear-thuath de'n t-siorramachd. Bha e 'n a bhall measail de chomhthional Mhr. Chamshroin, agus tha ainm fathasd air chuimhne am measg nan seann daoine. Agus b'i mhàthair Eilidh Nic-Fhionnghain, a bhuineadh do theaghlach a chaidh o Inbhirnis gu taobh tuath fadhlach Chrombaigh, a 'n Siorramachd Rois. Bha deagh chliù oirre 's a' choimhearsnachd, agus mar a fear-posda fhuair i mór spéis bho càirdean 's an t-seann dùthach. Bha chàraid so de fhuil ghlan Ghaidhealach fad iomadh ginealach; bha iad ni b'eol-aiche air an teangaidh Ghaidhlig na bha iad air a' bheurla Shasunnach, agus b' abhaist do Shir Seoras, am mac, uail a dheanamh gu'n d'fhuair e cànan agus smior a shinnseara gun smal gun ghiamh orra.

Mar a rinn móran Ghaidheal eile 's an am, thriall Seumas Ros agus a bhean gu Canada,